

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION\***

**FO CHASG GU DIARDAOIN 18/10/2012, 1000**

## Leasachadh air Dràma Coimhearsnachd

Tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air misneachd às ùr a thoirt do choimhairsnachdan le bhith a' cur barrachd Gàidhlig air an àrd-ùrlar.

Tron bhuidheann NGAS (Fòram Nàiseanta nan Ealan Ghàidhlig), tha Bòrd na Gàidhlig ag obair ann an co-bhonn le lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Alba Chruthachail, COSLA, BBC ALBA agus MG ALBA, gus lìonra taic a stèidheachadh air feadh na dùthcha.

Anns na mìosan mu dheireadh, chaidh coinneamhan a chumail le buidhnean ann an Leòdas, Uibhist, Glaschu, Inbhir Nis agus an t-Eilean Sgitheanach gus lìonra a stèidheachadh air taobh a-staigh nan coimhairsnachdan airson taic a chumail ri leasaichean dràma aig ère ionadail. Chaidh buidheann stiùiridh a stèidheachadh anns gach sgìre le bhith ag amas air prògram obrach a chruthachadh ann a bhith a' toirt taic do dh'obair leasachaидh dràma coimhairsnachd.

A' cur fàilte air an naidheachd, thuirt an Dr Alasdair Allan, am Ministear airson Sgilean is Ionnsachadh, Saidheans agus Cànanan na h-Alba: "Mar ealain bhrioghmhor tha mi a' faireachdann gu bheil àite sònraichte aig dràma ann am faicsinneachd na Gàidhlig. Tha ceòl, bàrdachd is òrain gu h-àbhaisteach air am faicinn mar bhun-stèidh cultar na Gàidhlig ach 's e sgeama a tha ri moladh a tha seo agus tha mi an dòchas cuid dhe na toraidhean fhaicinn air àrd-ùrlar a dh'aithghearr."

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Thuirt an Leasache Cleachdadadh Cànan aig Bòrd na Gàidhlig, Daibhidh Boag: "Chaidh comharrachadh anns a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig cho cudromach 's a tha na h-ealain, cultar agus dualchas airson coimhearsnachdan a tharraing ri chèile, ach cuideachd airson inbhe is cliù na Gàidhlig a bhrosnachadh. Tha dràma gu sònraichte math gus seo a dhèanamh, 's e obair ioma-mheadhan a th' ann a bhios a' tarraing air diofar sgilean mar: sgriobhadh, obair dealbhachaidh agus cleasachd. Tha e cuideachd math airson nan diofar ghinealaichean a tharraing cruinn còmhla. 'S e deagh eisimpleir a bh' againn le *Na mo chuid aodaich* a chruthaich Pròiseact nan Ealain, air cho soirbheachail 's a tha na h-ealain aig ìre choimhearsnachd air a' chànan a bhrosnachadh agus daoine a tharraing ri chèile.


Tha maoineachadh ri fhaighinn eadar Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail airson na h-ealain a thoirt air adhart ann an coimhearsnachdan agus 's iad na buidhnean fhèin a tha gu bhith a' tarraing nam puingean gnìomha ri chèile.

## DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaидh mu shusbaint na brath naidheachd seo, cuiribh fios gu **Steven MacIomhair, Oifigear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d gu [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) no le fònadh gu 07557 481 081.**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**EMBARGOED UNTIL THURSDAY 18/10/2012, 1000.**

## **Development for Community Drama**

Gaelic drama will take centre stage in a new community initiative led by Bòrd na Gàidhlig.

Through the National Gaelic Arts Strategy (NGAS) Forum, Bòrd na Gàidhlig has been working in co-operation with Highlands and Islands Enterprise, Creative Scotland, COSLA, BBC ALBA and MG ALBA to establish a support network across the country.


In the last few months, meetings have been held in Lewis, Uist, Glasgow, Inverness and Skye to establish a network within each community to support the development of drama at a local level. A steering group has been set up in each district to nurture the development of community drama.

Welcoming the news, Dr Alasdair Allan, Minister for Skills and Learning, Science and Scottish Languages, said: "As an expressive art, I feel that drama has a significant role to play in the visibility of Gaelic. Music, poetry and song are usually seen as the building blocks of Gaelic culture but this is a commendable scheme and hope to see some of the results on stage very soon."

Head of Gaelic Usage at Bòrd na Gàidhlig, David Boag said: "The National Gaelic Language Plan identified how important the arts, culture and heritage are for drawing communities together, but also for promoting the status and profile of the Gaelic language. Drama can act as a key catalyst in this as it supports a wide mixture of talents such as writing, design and performance skills. It also encourages interactivity between different age groups. The *Na mo chuid Aodaich* project created by The National Gaelic Arts Agency was a fine example of how successful the arts, at community level, can be in promoting the language and bringing people together.

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Bòrd na Gàidhlig and Creative Scotland are committed to fund schemes that develop community arts and will continue to work with the various communities in developing action plans for Gaelic drama in their areas.

**END**

**For more information about the content of this press release, contact Steven MacIver, Corporate and Communications Officer at Bòrd na Gàidhlig, by e-mailing [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) or by phoning 07557 481 081.**